


Am bat-criogaid



An teacs a Narinder Dhami
Na dealbhan Jamie Smith
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR



'S e càraid a bha ann an Seasaidh agus Iain. Latha bha siud bha Iain airson geama criogaid a chluich ach cha robh caraaid aige còmhla ris an cluicheadh e. Bha Seasaidh còmhla ri a caraidean fhèin agus bha Dadaidh ag obair san t-seada. “Saoil an cluich Mamaidh còmhla rium?” thuirt Iain ris fhèin.

Dh'fhàg Iain am bat
air an talamh agus
chaidh e a-steach
dhan taigh.



“An cluich sibh còmhla rium?”
dh'fhaighnich Iain.

“Tha mi duilich Iain, tha mi ro thrang,”
arsa Mamaidh.




Thill Iain a-mach ach nuair a chaidh e
a dh'iarraidh a' bhat cha robh sgeul air.



“Càite bheil am bat-criogaid agam?” ars Iain.
Choimhead e sa h-uile àite sa ghàrradh ach cha
robh e ann.



Thòisich Iain a’ rànaich.



An uair sin chunnaic Iain clann a' cluich criogaid air an raon-cluiche. Bha e gan coimhead.

Choimhead e a-rithist.

Bha iad a' cluich le bat glè choltach ris a' bhat aige fhèin.



“Sin am bat agamsa,” dh’èigh e.

“Thoiribh air ais dhomh e!”

Bha bat aig nighinn na làimh.

“S e am bat agamsa a th’ ann,” thuirt i.

“Chan e am bat agadsa a th’ ann.”



“S e am bat agamsa a th’ ann,” ars Iain.

“Thàinig thu dhan ghàrradh agamsa agus thug thu leat e.”

“Cha tug mi,” ars an nighean.

“Thug m’ athair dhomh am bat seo.”



Bha Iain a' fàs uabhasach feargach agus dh'fheuch e ris a' bhat a thoirt à làimh na h-ìghne.

“Leig às e!” thuirt Iain, ach bha an nighean na bu treasa na Iain agus cha b' urrainn dha am bat a thoirt bhuaipe.



Dìreach an uair sin thill Seasaidh dhachaigh.

“Dè tha thu a’ dèanamh Iain?”

dh’fhaighnich i.

“Tha am bat agam aig an nighinn seo agus cha toir i air ais dhomh e,” thuirt Iain.

“Chan e am bat aigesan a th’ ann,”
ars an nighean.



Thog Seasaidh am bat agus choimhead i ris.
“Tha mi a’ smaoineachadh gur e bat Iain a
tha seo,” thuir i ris an nighinn.

“Thoir air ais dha e.”

“Cha tòir mi dha e. Chan ann leis a tha e,”
ars an nighean.



Dh'fheuch an nighean
ris a' bhat a shlaodadh
à làimh Seasaidh.
“Na leig às idir e,
a Sheasaidh!”
dh'èigh Iain agus e
a' dol ga cuideachadh.



An uair sin thàinig a' chlann eile uile a
chuideachadh na h-ìghne agus dh'fheuch
iad ris a' bhat-criogaid a thoirt o Sheasaidh
agus Iain.




Chuala Mamaidh iad agus thàinig i a-mach a choimhead dè bha iad a' dèanamh.

“Cha toir an nighean seo mo bhat dhomh,” ars Iain.

Thog Mamaidh am bat agus choimhead i ris.

“Tha e coltach ri bat Iain,” thuirt i.

“Feumaidh tu a thoirt air ais dha.”



Thòisich an nighean a' rànaich.

“S e am bat agamsa a th' ann!” thuirt i.

Thàinig Dadaidh a-mach às an t-seada.

“An e seo a tha thu a lorg?” dh'fhaighnich e.

Bha bat-criogaid aige na làimh,
glè choltach ris an fhear eile!



“Am bat agamsa!” dh’èigh Iain.

“Uill, chunnaic mise e sa ghàrradh,”
arsa Dadaidh, “agus chuir mi e dhan t-seada
mus fhalbhadh cuideigin leis.”

Bha Mamaidh agus Seasaidh crosta ri Iain.

“Thoir am bat sin dhan nighinn, Iain,”
arsa Mamaidh.



Thug Iain am bat air ais dhan nighinn.
“Tha mi duilich,” thuir e. “S ann leat
a bha e ceart gu leòr.”

“A bheil thu airson criogaid a chluich
còmhla rinn?” dh’fhaighnich an nighean.

“Tha, tapadh leat,” ars Iain.

Bha an nighean agus a caraidean toilichte.

“A-nis tha dà bhat againn airson cluich!”
thuir iad.